



teicneòlas aodach fighthe

sàbhailteachd.....	1
uidheam fuaigheil.....	2
α' bheairt-fhuaigheil.....	3-4
mar a tha aodach air a dhèanamh.....	5
obair.....	6
fuaigheal neo-bhuan.....	7
α' dèanamh seam plèan.....	8
cò dheth a tha aodaich fighthe air an dèanamh.....	9
feartan aodaich.....	10-11
rannsachadh air aodach.....	12
bileagan cùraim.....	13
α' cur dealbh le pàipear aisig air aodach.....	14
dealbh cuiltichte.....	15
fliuchadh le uisge air aodach.....	16
α' dèanamh cuisean.....	17
α' dèanamh còmhdach airson cuisean.....	18



teicneòlas aodach fighte

sàbhailteachd

Prìneachan is Snàthadan

1. Cùm prìneachan is snàthadan ann am bogsa.
2. Ma thuiteas prìneachan is snàthadan air an làr, feuch an tog thu iad sa bhad. Iarr magnait air an tidsear gus do chuideachadh gan togail.


Siosaran

1. Cùm siosar dùinte nuair nach eil thu ga chur gu feum.
2. Nuair a tha thu a' giùlan siosar nad làimh, dèan cinnteach gu bheil e dùinte is gun cùm thu ceann an t-siosair sìos.
3. Cùm siosaran air falbh bho oir a' bhùird.
4. Bu chòir dhut siosaran a thoirt air ais don tidsear aig crìoch an leasain.



A' Bheirt-fhuaigheil









1. Mus tòisich thu air beirt-fhuaigheil a chleachdadh, seallaidh an tidsear dhut mar a chuireas tu an snàithlean troimhpe.
2. 'S e aon neach a bhios a' cleachdadh na beirt-fhuaigheil aig aon àm.
3. Na bi a' cabadaich ri duine fhad 's a tha thu ag obair air a' bheirt-fhuaigheil. Cùm d' aire air d' obair.
4. Cùm do chorragan air falbh bhon t-snàthaid nuair a tha thu a' fuaigheal.
5. Ma tha d' fhalt fada, bu chòir dhut a cheangal suas nuair a tha thu ag obair air a' bheirt-fhuaigheil.
6. Dèan cinnteach gu bheil an snàithlean air a chur tron bheirt gu ceart mus tòisich thu air obair agus cuideachd, nuair a tha thu deiseil dhen obair.
7. Cuir dheth a' bheirt-fhuaigheil nuair a tha thu deiseil.





teicneòlas aodach fichte

uidheam fuaigheil

Uidheam	Ainm	Notaichean
	Prìneachan	
	Snàthad	
	Siosar aodaich	
	Meuran	
	Piorna snàithlein	
	Cailc tàilleir	
	Teip tomhais	
	Iarann	

(Snàithlean fada an droch thàilleir)



teicneòlas aodach fighte

a' cleachdadh na beairt-fhuaigheil

Mus tòisich thu:

1. Dèan cinnteach gu bheil dà shnàithlean air a' bheairt-fhuaigheil.
2. Dèan cinnteach gu bheil an t-inneal teannaidh/bruthaidh an-àird.
3. Dèan cinnteach gu bheil an t-snàthad an-àird.

A' tòiseachadh a' fuaigheal:




1. Cuir an t-aodach dìreach fon t-snàthaid.
2. Leig sìos an t-snàthad le bhith a' tionndadh na cuibhle làimhe thugad fhèin.
3. Leig sìos an t-inneal teannaidh.
4. Tòisich a' fuaigheal.

A' fuaigheal timcheall oisean:

1. Stad nuair ruigeas tu an t-oisean.
2. Dèan cinnteach gu bheil an t-snàthad sìos.
3. Tog an-àird an t-inneal teannaidh.
4. Tionndaidh an t-aodach.
5. Leig sìos an t-inneal teannaidh.
6. Cùm ort a' fuaigheal.

Gus crìochnachadh:

1. Tog an-àird an t-snàthad le bhith a' tionndadh na cuibhle làimhe thugad fhèin.
2. Tog an t-inneal teannaidh/bruthaidh.
3. Tarraing an t-aodach gu cùl na beairt-fhuaigheil.
4. Fàg snàithleanan fada air a' bheairt-fhuaigheil.
5. Geàrr na snàithleanan.





teicneòlas aodach fighthe


mar a tha aodach air a dhèanamh

Ciamar a tha Aodach air a dhèanamh?

- Tha a' mhòr-chuid de dh'aodaichean air an dèanamh le bhith a' fighe shnàithleanan.
- Tha aodach nach eil air fhighhe ga dhèanamh le bhith a' ceangal no a' fealtadh shnàithleachain còmhla.


Aodach fighthe air beairt

Tha cur agus dlùth ann an aodach fighthe. Canar an cur ris an t-snàth a tha a' dol thairis air leud an aodaich agus an dlùth ris an t-snàth a tha a' dol sìos air fad na beairt. Canar am balt ris an taobh dhen aodach far a bheil an snàth-cuir dùbailte agus a' dèanamh oir nach sgaoil.



Aodach fighthe air bioran

- Tha an t-aodach seo air fhighhe air beairt-fhighhe no le do làimh air bioran-fighe.
- Tha an t-aodach air a dhèanamh le lùban fada airson gum bi e sìnteach agus cofhurtail.
- Bidh an snàth na shreathan, ris an canar cuairtean, thairis air an aodach. Ma leagas tu lùb, truisidh i sìos gu bonn an aodaich.



Aodach neo-fhighte

- Tha aodach neo-fhighte air a dhèanamh le ceangal no fealtadh.
- Tha aodach le snàithleachain cheangailte air a dhèanamh le snàithleachain co-thàthte air an ceangal còmhla le teas no tàthairean.
- 'S e aodach neo-fhighte a th' ann am fealt clòimhe agus tha e air a dhèanamh à gaoisid bheathaichean no snàithleachain clòimhe air an tàthadh còmhla a' cleachdadh taiseachd, teas agus bruthadh.

teicneòlas
aodach fighthe

obair



- Tagh trì sampail aodaich
- Geàrr a-mach sampall dhe gach fear agus steig e sa chlàr gu h-ìosal
- Cleachd glainne-meudachaidh agus clàr na chì thu

Sampall aodaich	Dè chunnaic thu tron ghlainne-meudachaidh?	Ciamar a chaidh an t-aodach a dhèanamh? Fighthe air Beairt, Bioran no Neo-fhighte?



teicneòlas aodach fighte


fuaigheal neo-bhuan

Seo an loidhne fuaigheil as motha a thathas a' cleachdadh ann an dèanamh nithean à aodach fighte. Tha leudan de dh'aodach air an cur ri chèile le loidhne fuaigheil a tha cha mhòr neo-fhaicsinneach bho thaobh ceart an aodaich.

Dèan na ceuman a leanas:

1. Cuir dà phìos aodaich ri chèile le taobh ceart an aodaich air an taobh a-staigh.
2. Dèan cinnteach gu bheil na h-oirean rèidh.
3. Cuir prìneachan air loidhne an fhuaigheil.
4. Feumaidh na prìneachan laighe ceart-cheàrnach ris an loidhne fuaigheil.
5. Dèan fuaigheal neo-bhuan air an loidhne fuaigheil.
6. Bu chòir gach grèim a bhith 1cm a dh'fhaid.
7. Feuch gum fàg thu beàrn de 1cm mus tòisich thu air an ath ghrèim.
8. Thoir às na prìneachan.
9. Faic Diagram 1.

Diagram 1






teicneòlas aodach fichte

a' dèanamh seam plèan


1. Cuir ri chèile an dà Thaobh Ceart den aodach.
2. Cuir prìneachan ann, 1½cm bhon oir neo-rèidh.
3. Fuaigheil le greimeannan neo-bhuan no cuir loidhne phrìneachan ann, deiseil airson fuaigheal leis a' bheirt-fhuaigheil.
4. Fuaigheil is cleachd a' bheirt-fhuaigheil no na greimeannan neo-bhuan airson do stiùireadh. **Ceangail suas** na snàithleanan nuair tha thu deiseil. Taobh caoin, taobh ascaoin
5. Fosgail a-mach an t-aodach far an do dh'fhuaigheil thu e is cuir an t-iarann air, air taobh cèrr an aodaich.

Diagram 1




Taobh cèrr, taobh ceart

Diagram 2




Prìneachan

Diagram 3



A' fuaigheal le greimeannan neo-bhuan, 1½cm bhon oir


Diagram 4



Cùl an nì a dh'fhuaigheil thu

Dèan fuaigheal leis a' bheirt-fhuaigheil

Diagram 5



An taobh cèrr



teicneòlas aodach fighthe

cò dheth a tha aodaich fighthe air an dèanamh?

Tha aodaich fighthe air an dèanamh à snàithleachain. Tha dèanamh mìn mar ghaoistean fuilte air **snàithleachain**.

Tha snàithleachain air an toinneamh no air an snìomh còmhla gus snàithleanan a dhèanamh ris an canar **snàth**.

Faodaidh snàithleachain a bhith nàdarra, air an dèanamh le daoine no mar mheasgachadh den dà chuid.

Snàithleachain nàdarra

Tha iad seo bho phlantraisean no bho bheathaichean.



Snàithleachain fuadain

Tha iad air an dèanamh bho stuth ceimigeach a gheibhear bho ghual, gas no peatrail.

'S iad seo eisimpleirean de shnàithleachain fuadain – naidhlean, poilidheastar, lastaig, PVC is acriolaig.


Measgachadh den dà chuid

San latha an-diugh, tha mòran aodaich air an dèanamh bho mheasgachadh den dà chuid, snàithleachain fuadain is snàithleachain nàdarra. Tha seo air sgàth 's gu bheil neartan is laigsean eadar-dhealaichte aig snàithleachain is ma thèid an cur còmhla, tha sin na bhuannachd, me poilidh-cotan.

Tha **cotan** cofhurtail, sùighteach ach thig liorcan ann.

Tha **poilidheastar** so-shìneach is neo-liorcach.

Ma thèid an dà shnàithleachan sin an cur còmhla, gheibhear aodach a tha cofhurtail is neo-liorcach.



teicneòlas
aodach fighte

feartan aodaich

C. Dè na feartan aodaich a tha riatanach nuair a tha aodach air a chleachdadh sna suidheachaidhean seo?



Neach-smàlaidh



Crios-suidheachain



Searbhadair



Brat-ùrlair








Paraisiut



teicneòlas aodach fighte

feartan aodaich

Cleachdadh Aodaich	Sònrachadh
<p><i>Eisimpleir</i> Aodach neach-smàlaidh</p> 	<ul style="list-style-type: none"> • Uisge-dhìonach • Teine-bhacach • Làidir • Furasta a ghlanadh • Aotrom
<p>Paraisiut</p> 	
<p>Brat-ùrlair</p> 	
<p>Searbhadair làmhan</p> 	
<p>Crios-suidheachain</p> 	



teicneòlas
aodach fighite

duilleag-obrach
rannsachadh air aodach

Cò ris a tha e coltach?

Cò ris a tha e coltach a
làimhseachadh?

Dè dh'fhaodar a
dhèanamh leis?



- Thoir sùil air na sampail aodaich.
- Lìon an clàr gu h-ìosal.

Sampall	Cò ris a tha e coltach?	Cò ris a tha e coltach a làimhseachadh?
1.		
2.		
3.		
4.		

teicneòlas
aodach fichte

bileagan cùraim

Ma leanas luchd-cleachdaidh na stiùiridhean air na bileagan cùraim, bu chòir gum biodh an cuid aodaich a' coimhead math is a' faireachdainn math nas fhaide.

Mura bi thu faiceallach 's dòcha gun tachair seo!

- Milleadh air uachdar an aodaich
- Thèid e a-staigh
- Dath a' falbh às

	Faodar seo a chur don char-thiormaichear
	Ri nighe le làimh. (Na cuir dhan inneal nigheadaireachd e)
	An t-iarann blàth. Tha iarann air a bheil aon dotag(•) a' ciallachadh fionnar. Tha iarann air a bheil trì dotagan (•••) a' ciallachadh teth
	Na cleachd bliods clòrain air an aodach seo
	Na cuir dhan char-thiormaichear e
	Nigh san inneal-nigheadaireachd e aig a' chuairt àbhaistich

- Dealbhadh le taic-choimpiutair
- Dealbh Cuiltichte
- Cuisean



teicneòlas aodach fighte

a' cur dealbh le pàipear aisig air aodach

Feumaidh tu:

- Coimpiutair
- Iarann **gun** uisge/deatach
- Pìos aodaich air nach eil feum
- Siosar airson pàipear a ghearradh
- Pàipear a chleachdar san reothadair

FEUCH GUN OBRAICH THU A-MACH CIAMAR A CHUIREAS TU AM PÀIPEAR DHAN CLÒ-BHUALADAIR. DH'FHAODADH MEARACHD A BHITH DAOR DHUT!

Stiùiridhean:

1. Feuch a-mach an obair an toiseach, a' cleachdadh pìos aodaich air nach eil feum.
2. Tagh dealbh bho Clipart.
3. Cuir an dealbhadh agad air Pàipear Aisig.
4. Geàrr timcheall air ach fàg 1 cm co-dhiù mun cuairt air.
5. Cuir an dealbhadh air an aodach le aghaidh sìos. Cuir an t-iarann air airson ½ mionaid.
6. Fàg a' fuarachadh e airson 5 mionaidean.
7. Thoir dheth am pàipear cùil.

A-nis, feuch air an obair deilbh air an lèine-tì agad.

8. Geàrr a-mach pìos mòr de phàipear a chleachdadh tu san reothadair. Cuir seo ri taobh a-staigh na lèine-tì, **air a' chùil no air an aghaidh**.
Feumaidh tu iarann teth airson seo.
9. A-nis, tionndaidh an lèine-tì a-mach chun an taoibh cheart.
10. Dèan na dealbhaidhean agad. Faodaidh tu tòrr a dhèanamh air **1 duilleag pàipeir** no aon dealbhadh mòr air **1 duilleag pàipeir**.
11. Cuir sin air cùil no air aghaidh na lèine-tì mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd. Thoir air falbh am pàipear nuair a tha thu deiseil.



teicneòlas aodach fichte

dealbh cuiltichte

Feumaidh tu:

- Pinn felt
- Poitean airson uisge
- Bruisean-peant glan
- Pàipear a chuireas tu fon obair agad
- Iarann is pàipear geal air am faod thu iarnaigeadh
- Dà phìos aodaich
- 1 pìos uadadh (wadding)
- Prìneachan
- Snàthad chaol, bhiorach
- Snàth
- Beairt-fhuaigheil
- Inneal
- Snàth airson obair-ghrèis
- Dotagan beaga gleansach

Stiùiridhean

1. Feuch a-mach an dealbh an toiseach san leabhar-sgrìobhaidh agad.
2. Feuch a-mach am fliuchadh le uisge air pìos aodaich air nach eil feum.
3. Cuimhnich nach cleachd thu dubh mar dhealbh-iomail gus a bheil an t-aodach tioram.
4. Fliuch le uisge an dealbh agad air an aodach.**
5. Tiorraich e sa bhad leis a' phàipear is an t-iarann.
6. Dèan an dealbh cuiltichte agad le bhith a' cur an uadadh eadar an dà phìos aodaich.**
7. Cuir prìneachan ann is fuaigheil timcheall an oir le greimeannan neo-bhuan.
8. Cleachd a' bheairt-fhuaigheil airson obair mhionaideach a dhèanamh air an dealbh. Cuideachd, faodaidh tu grèim air ais cnot Frangach a dhèanamh le do làimh.
9. Rach thairis air na h-oirean gus an daingneachadh.
10. Cuir an dealbh ann am frèam.

**Bruidhinn ris an tidsear



teicneòlas aodach fichte

fliuchadh le uisge air aodach

Fliuchadh le uisge air aodach

Feumaidh tu:

Poilidh-cotan/cotan geal.
Pinn felt a tha so-sgaoilte ann an uisge.
Pinn felt dhubh a nì loidhne chaol.
Siosar a ghearras aodach.
Uisge.
Bruisean-peant glan.

Stiùiridhean:

1. Feuch seo a-mach an toiseach air pìos aodaich gus am faigh thu eòlas air an obair.
2. Cuir loidhnichean air pìos aodaich le pinn felt. Chan fheum na loidhnichean a bhith air an cur sìos ann an dòigh riaghailteach.



3. Cuir beagan uisge fuar air gach loidhne no dotag.
4. Chì thu gun ruith an dath às an aodach.
5. Tiormaich an t-aodach – faodar seo a dhèanamh gu luath le bhith a' cur searbhadair pàipeir air uachdar an aodaich is iarann teth a chur air.
6. Cleachd am peann dubh leis a' ghob chaol airson tuilleadh dhealbhan a chur air an aodach. Ach, **na cuir uisge** air an dubh.




teicneòlas aodach fighte

a' dèanamh cuisean

1. Feumaidh tu prìneachan a chur air an loidhne fuaigheil air a' chuisen a-staigh. An uair sin, feumaidh tu greimeannan neo-bhuan a chur ann is an uair sin, fhuaigheal leis a' bheirt-fhuaigheil. Feumaidh an loidhne fuaigheil a bhith 1.5cm bhon oir.

Fàg pìos mar seo gun fhuaigheal ach am faigh thu an cuisen a thionndadh is stuth lìonaidh a chur ann.

2. Geàrr tarsainn nan ceithir oiseanan. Feuch **an cùm thu air falbh** bhon fhuaigheal.



3. **Bruidhinn ris an tidsear.**
4. Tionndaidh an cuisen chun an taoibh cheart. Brùth snàthad chaol a-steach dha gach oisean ach an **seas iad a-mach gu biorach.**
5. Cuir an stuth-lìonaidh anns na 4 oiseanan an toiseach is an uair sin anns a' mheadhan. **Cuimhnich** gun tarraing thu bho chèile an stuth-lìonaidh an toiseach.
6. **Cuir snàithlean** (de dhath a thèid leis an aodach) **ann an snàthad chaol** is fuaigheil **gu grinn am pìos a dh'fhàg thu fosgailte.**



teicneòlas aodach fighte

a' dèanamh còmhdach airson cuisean

1. Tagh an dath aodaich a tha thu ag iarraidh.
2. Cuir an teamplaid air an aodach is cuir prìneachan ann. Geàrr an t-aodach mar a rinn thu leis a' chuisen a-staigh.
3. Cleachd cailc tàilleir airson **loidhne 1.5cm** a chomharrachadh ceithir thimcheall an aodaich.
4. Comharraich, le 3 prìneachan, far a bheil **meadhan an aodaich**.
5. Tagh na stuthan a tha thu a' dol a chleachdadh airson an dealbhaidh agad, me lios/ad-olainn/aodach.
6. Faigh **Bonda Web**. Geàrr e a rèir meudachd nam pìosan aodaich agad.
7. Cuir seo ri **taobh ceàrr** an lios no an ad-olainn. Feumaidh tu clobhda fliuch is iarann teth airson seo a dhèanamh.
8. **Thoir dheth** an stuth a tha air a' chùl.
9. Cuir e ri taobh ceart an aodaich. Feumaidh tu clobhda fliuch is iarann airson seo.
10. Dèan an cuisean fhèin mar a rinn thu leis a' chuisen a-staigh.
11. Cuir an cuisean a-staigh am broinn a' chuisin fhèin mus fuaigheil thu am fosgladh.

clàr-mìneachaidh

beairt-fhuaigheil	inneal leis an dèan neach fuaigheal, gus pìosan aodaich a chur ri chèile
cabadaich	còmhradh mu rudan nach eil cudromach
daingneachadh	a' dèanamh rud làidir, cinnteach
dealbh cuiltichte	dà phìos aodaich air a bheil an aon dealbh air am fuaigheal ri chèile agus stuth lìonaidh na bhroinn
fighte	air a dhèanamh air beairt
grèim (greimeannan)	nuair a chuireas tu grèim ann an aodach tha thu ga thoirt gu chèile le snàthad agus snàithlean
iarnaigeadh	a' toirt phreasan à aodach le inneal-dealain
inneal-teannaidh/ bruthaidh	innleachd tro bheil an t-snàthad a' dol agus a chumas an t-aodach teann nuair a tha thu a' fuaigheal
lèine-tì	lèine gun phutanan le amhach chruinn agus muilichinn ghoirid
lìon-aodach	aodach air a dhèanamh le lìon, seòrsa luibhe a dh'fhàsas ann an talamh fliuch às an dèan thu anart agus ola
neo-bhuan	neo-sheasmhach, nach mair
oisean	far an coinnich dà loidhne ri chèile
planntrais	lus

clàr-mìneachaidh

- poilidheastar**..... aodach air a dhèanamh le
snàithleachain fuadain
- prìne** pìos meatailt lùbte no dìreach le ceann
biorach air, a cheanglas aodach
ri chèile, gu sònraichte nuair a tha thu
ga fhuaigheal
- snàithlean** pìos fada caol de chotan no sìoda a
chleachdas tu airson fuaigheal
- snàthad** pìos caol de mheatailt le ceann
biorach air, a chleachdas tu airson
snàithlean a chur tro aodach nuair a
tha thu a' fuaigheal
- uidheam fuaigheil** rudan a chleachdas tu airson fuaigheal
a dhèanamh